

Taic Laghail Catharra – dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh

Tha e cudromach gu bheil thu a' tuigsinn mus tòisich an neach-lagha ag obair dhut, dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh.

Tha a' bhileag seo a' toirt mineachadh air :

Dè dh'fhaodadh tu a phàigheadh.

Dè tha sinn a' ciallachadh le bhith a' buannachadh no a' gleidheadh seilbh,

Dè tha sinn a' ciallachadh le “a' cladhach air ais”.

Tha am fiosrachadh seo a cuir ri taic laghail catharra no comhairle agus cuideachadh. Bu chòir dhut iarraidh air an neach-lagha agad mìneachadh a thoirt dhut air na puingeann sa bhileig seo a tha a' bualadh air a' chùis agad.

Cuir fios thugainn

A bheil thu ag iarraidh:

- an neach-lagha taic laghail as fhaisge ort a lorg
- tuilleadh fhaighinn a-mach mu thaic laghail
- ar bileagan òrdachadh?

Ma tha, fònaig gun **Loidhne Fiosrachaidh Taic Laghail** againn air **0845 122 8686** (fosgailte 7 latha san t-seachdain bho 7m. gu 11f.), no tadhail air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk. Tha fiosrachadh mionaideach mu ar ìrean seirbheis air an làrach-lìn againn cuideachd.

Ma tha ceistean sam bith agad mu na foirmeann a dh'fheumas tu a' lìonadh no a bheil thu **airidh air ionmhais**, cuir fios gu'n ionad measaidh ionmhais gain air 0845 123 2330 (gach latha seachdaineach 8.30m gu 5f)

Is e ar àireamh-fòn choitcheann **0131 226 7061**. Tha fios tro Teacs Dìreach BT dibeathte.

Tha ar seòladh aig 44 Gàrraidhean Drumsheugh, Dùn Èideann EH3 7SW.

Is e ar seòladh puist-dealain general@slab.org.uk

Chan eil sinn a' solarachadh taic laghail tha seo air a' dhèanamh le luchd-lagh – tha sinn a' stiùireadh an t-siostam taic laghail.

Co-cheangalan feumail eile

Comann Lagha na h-Alba, 26 Gàrraidhean Drumsheugh, Dùn Èideann EH3 7YR

Fòn: 0845 113 0018

Làrach-lìn: www.lawscot.org.uk

Tha comhairle an asgaidh ri fhaotainn bho bhuidhnean mar Biùro Comhairleachaidh a' Phobaill (www.cas.org.uk) , Ionadan Comhairlichidh Airgead (www.moneyadvicescotland.org.uk) agus Shelter (a tha dèiligeadh ri cuspairean taigheadais, www.scotland.shelter.org.uk)

Coimhead 'sna Duilleagan Buidhe no theirig gu na làraich-lìn aca airson fiosrachadh mi fios a chuir orra.

Ar bileagan

- Lùl a thaobh taic laghail catharra
- Taic laghail catharra – fiosrachadh do thagraichean
- Taic laghail catharra – an sùim a dh'fhaodadh tu a phàigheadh
- Stiùireadh do luchd-dùbhlain ann an cùisean taic laghail catharra
- Taic laghail do chloinn
- Cuideachadh laghail eucorach
- Gearanan agus beachdan air Bòrd Taic Laghail na h-Alba
- Cothrom air fiosrachadh

Susbaint

1. A bheil cuideachadh laghail catharra an-asgaidh?
2. Cosgaisean air am pàigheadh leis an neach-dùbhlain.
3. Tabhartasan
4. Seilbh ga bhuannachadh no ga ghleidheadh.
5. Dè ma mholas an neach-lagha agam obrachadh dhomh gu prìobhaideach?
6. A bheil buaidh sam bith agam air an t-sùim a dh'fheumas mi a phàigheadh do neach-lagha?
7. A' pàigheadh chosgaisean neach-dùbhlain.
8. Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a bheir mi dhuibh?
9. Dè ma tha mi mì-thoilichte le ur dòigh giùlain no le dòigh giùlain an neach-lagha?
10. Eisimpleirean

Tha dà sheòrsa cuideachaidh laghail ann a dh'fhaodas tu fhaighinn: `comhairle agus cuideachadh' agus `taic laghail catharra'. Le chèile tha iad air an ainmeachadh `**cuideachadh laghail catharra**'.

- An toiseach, tha **comhairle agus cuideachadh** ann. Tha seo a' cuideachadh le pàigheadh airson comhairle bho neach-lagha mu ghnòthaich sam bith co-cheangailte ri lagh na h-Alba, catharra no

eucorach – mar eisimpleir, a’ feuchainn ri connspaid a rèiteachadh dhut gun a dhol dhan chùirt. Ach, a thuilleadh air beagan nithean eadar-dhealaichte, chan eil e a’ còmhachadh `riochdachadh’ – is e sin, a’ cur do chùis air adhart sa chùirt.

- San darna h-àite tha **taic laghail catharra**. (Seach nach eil a’ bhileag seo a’ dèiligeadh le nì sam bith ach taic laghail, far a bheil sinn a’ toirt iomradh air `taic laghail’ tha sinn a’ ciallachadh taic laghail catharra). Tha seo a’ cuideachadh le pàigheadh an neach-lagha airson do riochdachadh sa chùirt. Tha e a’ còmhachadh an obair ullachaidh cho math ris a’ chùis lagha fhèin, agus tha e a’ solarachadh maoineachaidh do luchd-tagraidh agus eòlaichean ma bhios feum air.

Chan eil feum aig cuid de dhaoine ach air comhairle agus cuideachadh, agus feadhainn eile dìreach taic laghail. Bidh mòran daoine a’ tòiseachadh le comhairle agus cuideachadh agus an uair sin a’ gluasad air adhart gu taic laghail.

1. A bheil cuideachadh laghail catharra an-asgaidh?

Chan eil an-còmhnaidh: dh’fhaodadh gum feum thu rudeigin a phàigheadh a thaobh cosgaisean na cùise agad. Tha trì prìomh shuidheachaidhean ann far am feum thu pàigheadh:

- Ma tha do theachd-a-steach – agus a thaobh taic laghail, d’ airgead sàbhalaidh – os cionn ìre shònraichte – tha earrann 3 den bhileig seo a’ toirt seachad tuilleadh fiosrachadh, agus faodaidh do neach-lagha a mhìneachadh dhut cuideachd nuair a bhruidhneas tu riutha an toiseach mun chùis agad. Tha a’ bhileag againn *lùl a thaobh taic laghail catharra* a’ toirt dhut tuilleadh fiosrachaidh.
- Ma bhuannaicheas tu no ma ghleidheas tu (`faigh air ais no glèidh’) airgead no seilbh mar thoradh air obair an neach-lagha agad – tha a bhith a’ cleachdadh seo gus cosgaisean na cùise agad a phàigheadh air ainmeachadh mar `cladhach air ais’. Tha e cudromach gun iarr thu air an neach-lagha agad mìneachadh dhut a bheil e coltach ris gun tachair seo sa chùis agadsa agus dè bhiodh sin a’ ciallachadh dhutsa.
- Ma chailleas tu a’ chùis agus gun òrdaich a’ chùirt dhut pàirt no cosgaisean iomlan an neach-dùbhlain agad a phàigheadh – cha chòmhaich taic laghail ach na cosgaisean laghail agad fhèin. Ach faodaidh tu iarraidh air a’ chùirt an t-sùim a lughdachadh air sgàth `s gu bheil thu a’ faighinn taic laghail.

1.1 Ciamar a thèid cunntas an neach-lagha agam a phàigheadh?

Pàighidh sinne cunntas an neach-lagha agad. Ach, bidh sinn a’ cleachdadh maoineachadh poblach gus do chùis a phàigheadh, agus tha e cudromach gun tèid a phàigheadh air ais, ma ghabhas sin dèanamh. Tha seo a’ cur an neach a tha a’ faighinn taic laghail anns an aon suidheachadh ri neach a tha a’ pàigheadh gu prìobhaideach airson cuideachadh laghail.

Comhairle agus cuideachadh

Tha cosgaisean comhairle agus cuideachaidh gam pàigheadh:

- An toiseach, bho thabhartas sam bith a dh'fheumas tu a phàigheadh dhan neach-lagha agad
- San dàrna h-àite, bho chosgaisean sam bith a phàigheas an neach-dùbhlain agad, air sgàth `s gu bheil iad air aontachadh ris mar phàirt de rèiteachadh barganaichte no gu bheil cùirt air òrdachadh dhaibh sin a dhèanamh.
- San treas àite, mura h-eil a' chiad dà shuidheachadh gu leòr, bho phàirt de sheilbh no bho sheilbh iomlan sam bith a bhuannaicheas tu no a ghleidheas tu mar thoradh air comhairle agus cuideachadh (cladhach air ais). Is dòcha nach fheum thu seo a dhèanamh ma chuireas pàigheadh ann an cruaidh-chàs thu.
- Mu dheireadh, mura h-eil a' chiad trì gu leòr, bhon mhaoineachadh againn fhìn.

Ma dh'fheumas tu sùim sam bith a phàigheadh airson comhairle agus cuideachadh, pàighidh tu e dìreach gun neach-lagha agad.

Taic laghail

Gus cosgaisean an taic laghail agad a chòmhdach, cleachdaidh sinn:

- an toiseach, cosgaisean sam bith a phàigheas an neach-dùbhlain agad
- san dàrna h-àite, tabhartas sam bith a dh'fheumas tu a phàigheadh dhuinn
- san treas àite, mura h-eil a' chiad dhà gu leòr, pàirt no iomlan de dh'airgead no seilbh sam bith a bhuannaicheas tu no a ghleidheas tu mar thoradh air a' chùis agad (cladhach air ais) eadhon ged a dh'adhbhraicheadh sin amhghair no cruadal.
- sa cheathramh àite, mura h-eil a' chiad trì gu leòr, bhon mhaoineachadh againn fhìn

Mura pàigh an neach-dùbhlain agad na cosgaisean a bu chòir dhaibh, feumaidh sinn tabhartas sam bith a dh'iarr sinn ort a phàigheadh agus seilbh a bhuannaicheas tu no a ghleidheas tu, a chleachdadh gus cunntas an neach-lagha agad a phàigheadh. Chan urrainn dhuinn tabhartasan sam bith a phàigh thu a phàigheadh air ais dhut gus am faigh sinn airgead bhon neach-dùbhlain agad, nas lugha na gu bheil thu air barrachd a phàigheadh dhuinn na pàigh sinn dhan neach-lagha.

Ma dh'fheumas tu sùim sam bith a phàigheadh airson taic laghail, tha thu ga phàigheadh dhuinne.

Tha sinn a' dèiligeadh leis gach aon de na suidheachaidhean sin sa bhileig seo. Tha sinn cuideachd a' mìneachadh beagan a bharrachd mu dheidhinn de dh'fhaodadh tachairt ma chailleas tu a' chùis agad agus gun òrdaich a' chùirt dhut cosgaisean an neach-dùbhlain agad a phàigheadh.

2.Cosgaisean air am pàigheadh leis an neach-dùbhlain

2.1 Comhairle agus cuideachadh

Ma dh'aontaicheas an neach-dùbhlain agad ri pàirt no do chosgaisean iomlan a phàigheadh, no ma dh'òrdaicheas cùirt dhaibh sin a dhèanamh, cleachdaidh sinn an t-airgead seo gus cunntas do neach-lagha a phàigheadh. Ach, chan eil seo a' ciallachadh gum pàigh an neach-lagha agad air ais tabhartas sam bith a phàigh thu dhaibh airson comhairle agus cuideachadh.

2.2 Taic laghail

Ma bhuannaicheas tu a' chùis, is dòcha gun aontaich an neach-dùbhlain agad ri pàirt no na cosgaisean iomlan agad a phàigheadh, no dh'fhaodadh gun òrdaich a' chùirt dhaibh sin a dhèanamh. Ma tha na cosgaisean sin air am pàigheadh dìreach thugainne, dh'fhaodadh gun urrainn dhuinn pàirt no iomlan de thabhartas sam bith a phàigh thu mu choinneamh taic laghail a phàigheadh air ais dhut. Uaireannan, bheir e ùine mhòr pàigheadh chosgaisean fhaighinn bho neach-dùbhlain, agus ann an cuid de chùisean feumaidh sinne no an neach-lagha agad cùis-lagha a thogail gus na cosgaisean fhaighinn air ais. Ann an cuid de chùisean tha e do-dhèanta dhuinn toirt air an neach-dùbhlain na cosgaisean a phàigheadh.

Ma tha an neach-dùbhlain agad a' faighinn taic laghail cuideachd, is dòcha gun lughdaich a' chùirt na tha aca ri phàigheadh. Ma thachras seo, is dòcha gum feum sinn an tabhartas agad, no seilbh a fhuair thu no a ghlèidh thu mar thoradh air an taic laghail agad, a chleachdadh gus cunntas an neach-lagha agad a phàigheadh.

3. Tabhartasan

3.1 Nuair a dh'fhaodadh tu tabhartas a phàigheadh

Ma tha thu a' cur a-steach airson comhairle agus cuideachadh no làn-thaic laghail, dh'fhaodadh gun tèid iarraidh ort tabhartas a phàigheadh – tha seo an crochadh air do shuidheachadh ionmhasail. Ma gheibh thu an dà chuid, comhairle agus cuideachadh agus taic laghail, dh'fhaodadh gum feum thu tabhartasan a phàigheadh mu choinneamh an dà chuid.

Comhairle agus cuideachadh

Airson comhairle agus cuideachadh, faodaidh an neach-lagha agad innse dhut ma dh'fheumas tu tabhartas a phàigheadh dhaibh.

Taic laghail

Innsidh sinn dhut nuair a cheadaicheas sinn taic laghail dhut ma dh'fheumas tu tabhartas a phàigheadh, na dh'fheumas tu a phàigheadh agus mar a rinn sinn tomhas air.

Bidh sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh air an fhoirm-iarrtais agad gus faicinn dè na tha agad air fhàgail bho do theachd-a-steach agus d' airgead calpa, às dèidh dhut cosgaisean deatamach bith-beò a phàigheadh, agus gus faicinn dè tha thu comasach a phàigheadh. Tha seo stèidhte air crìochan a chaidh a chur an cèill le Pàrlamaid na h-Alba.

Ma dh'fheumas tu tabhartas a dhèanamh stèidhte air teachd-a-steach, is àbhaist dhuinn cead a thoirt dhut a phàigheadh ann an cuibhreannan. Innsidh

sinn dhut cò mheud cuibhreann agus an t-àm a tha ceadaichte dhut airson am pàigheadh. Bidh seo an crochadh air an t-sùm iomlan a tha agad ri phàigheadh. Ma tha thu den bheachd gum bi duilgheadas agad a' pàigheadh thairis air an ùine sin, is dòcha gun toir sinn dhut cead pàigheadh thairis air ùine nas fhaide. Feumaidh tu sealltainn dhuinn carson a bu chòir dhuinn sin a dhèanamh. Bidh luchd-obrach san roinn ionmhais againn toilichte bruidhinn riut mu dheidhinn seo.

Mura cuimsich thu air na cuibhreannan a phàigheadh, cuiridh sinn stad air an taic laghail agad. Tha seo a' ciallachadh gum feum an neach-lagha agad sguir a dh'obair às do leth fo thaic laghail. Gus cosgaisean na cùise agad a chòmhdach, feumaidh tu an còrr den tabhartas agad a phàigheadh, no an sùm a phàigh sinne dhan neach-lagha agad, ge 'r bith dè an sùm as lugha.

Is àbhaist gum feum tabhartasan a tha stèidhte air airgead calpa (airgead sàbhalaidd agus nithean luachmhor a bhuinneas dhut) a bhith pàighte ann an aon sùm.

Tha e cudromach gun iarr thu air an neach-lagha agad cosgais na cùise a thomhas agus innse dhuinn. Dh'fhaodadh gun sàbhail seo airgead dhut, oir faodaidh sinn an uair sin tabhartas sam bith a chuingealachadh a rèir an t-sùm a tha an neach-lagha agad a' tuairmeachadh a chosgais a' chùis agad. Ach aig deireadh an latha, ma chosgais a' chùis barrachd na an tuairmeach obrachaidh sinn a-mach an diofar eadar:

- an tuairmeach agus an tabhartas a thomhais sinn a b' urrainn dhut a phàigheadh aig toiseach gnothaich
- an tuairmeach agus fìor chosgais na cùise

Feumaidh tu an uair sin an t-sùm as lugha den dà shùm sin a phàigheadh.

Is dòcha gum faigh thu cuid den tabhartas air ais ma chosgais a' chùis nas lugha na phàigh thu dhuinn, no ma gheibh sinn cuid de na cosgais air ais bhon neach-dùbhlain agad.

3.2 A' cleachdadh an tabhartais agad

Comhairle agus cuideachadh

A thaobh comhairle agus cuideachadh, chan fhaigh thu an tabhartas agad air ais fiù 's ged a phàigheadh an neach-dùbhlain agad a' chùis.

Taic laghail

A thaobh taic laghail, ma phàigheas an neach-dùbhlain agad cosgais na cùise, cleachdaidh sinn an t-airgead sin gus cunntas an neach-lagha agad a phàigheadh. Ach, mura faigh sinn airgead gu leòr bho na cosgais a phàigheas an neach-dùbhlain agad, feumaidh sinn pàirt no cuid iomlan de thabhartas sam bith a phàigh thu, a chleachdadh.

Gheibh thu an tabhartas iomlan agad air ais:

- ma cho-dhùineas a' chùirt gum feum an neach-dùbhlain agad na cosgais a phàigheadh
- ma phàigheas an neach-dùbhlain agad dha-rìribh

- ma tha an sùim sin a' còmhach cunntas an neach-lagha agad

Dh'fhaodadh gum faigh thu pàirt den tabhartas agad air ais:

- ma tha an sùim a phàigheas sinn dhan neach-lagha nas lugha na an sùim a phàigh thu dhuinn, no
- ma gheibh sinn cuid de na cosgaisean air ais bhon neach-dùbhlain agad

4. Seilbh ga bhuannachadh no ga ghleidheadh

4.1 Dè tha `buannachadh' no `gleidheadh' seilbh a' ciallachadh?

Ma gheibh thu, mar thoradh air comhairle agus cuideachadh no taic laghail, sealbh air cuid-seilbhe nach robh agad roimhe, bidh tu air a `bhuannachadh'. Ma ghleidheas tu cuid-seilbhe a dh'fheuch neach-eigin ri thoirt bhuit, bidh tu air a `ghleidheadh'. Uaireannan cluinnidh tu na briathran `ath-bhuannachadh' no `gleidheadh' cuid-seilbhe – tha sin dìreach a' ciallachadh ga bhuannachadh no ga ghleidheadh.

Ma bhuannaicheas tu no ma ghleidheas tu airgead no seilbh sam bith mar thoradh air a' chùis agad, dh'fhaodadh gum feum thu a phàigheadh air ais dhuinn ann am pàirt no gu h-iomlan airson na phàigh sinn dhan neach-lagha agad a còmhach. Uaireannan, tha seo air ainmeachadh mar `cladhach air ais'. Bidh an neach-lagha agad comasach air fiosrachadh a thoirt dhut mu na suidheachaidhean anns am bualadh seo ort, agus air innse dhut dè an t-airgead no an seilbh air nach eil e a' bualadh.

Tha `seilbh' a' ciallachadh mòran nithean; tha e a' gabhail a-steach rud sam bith aig a bheil sealbh aig neach, ged a b' e taigh no rudeigin eile de luach, no airgead. Seo eisimpleirean:

- taigh
- earrannan
- poileasaidhean àrachais
- airgead a phàigheas do chèile-pòsta no do chompanach dhut nuair a nì sibh sgaradh-pòsaidh no eadar-sgaoileadh air companas catharra
- pàigheadh bho Ùghdarras Diolaidh Dochann Eucorach
- airgead diolaidh bho àite sam bith eile

Chan eil an sin ach eisimpleirean, agus faodaidh seilbh gabhail a-steach nì sam bith eile anns a bheil luach. Tha eadar-dhealachaidhean an seo eadar comhairle agus cuideachadh agus taic laghail catharra. Faodaidh an neach-lagha agad tuilleadh innse dhut mu dheidhinn seo.

4.2 Dè seòrsa cùis air a bheil `cladhach air ais' a' bualadh?

Chan eil `cladhach air ais' a' bualadh ach air cùisean airgid no seilbh. Mar eisimpleir, ann an cùisean sgaraidh-pòsaidh tha aig a' chùirt ri co-dhùnadh ciamar a thèid airgead no seilbh a bhuineas dhut fhèin agus dha do chèile-pòsta a roinn a-mach, mar an taigh, poileasaidhean buileachaidh no peinnean. No is dòcha gu bheil thu a' sireadh cnap airgid bho do chèile-

pòsta. Ann an cùisean eile, dh'fhaodadh gu bheil thu a' feuchainn ri airgead dìolaidh no damaistean dochainn fhaighinn.

Bu chòir dhut iarraidh air an neach-lagha agad:

- innse dhut aig toiseach cùise am faodadh `cladhach air ais' bualadh ort
- fiosrachadh a chumail riut a thaobh atharrachaidhean sam bith sa chùis agad a dh' fhaodadh buaidh a thoirt air
- innse dhut dè na dh'fheumas tu a phàigheadh

4.3 A bheil saoradh sam bith ann bho riaghailtean `cladhach air ais'?

Tha. Anns a' chuid mhòr de chùisean pòsaidh no companas catharra, tha cead agad a' chiad £5259 a chumail. Tha an àireamh seo ga ath-sgrùdadh gach bliadhna.

4.4 A bheil ùghdarras sam bith agad a thaobh cur an cèill riaghailtean `cladhach air ais'?

Comhairle agus cuideachadh

A thaobh comhairle agus cuideachadh, faodaidh sinn cunntas a dhèanamh air nan adhbhraicheadh pàigheadh bhon t-seilbh a bhuannaich no a ghlèidh thu, cruadal trom-chùiseach no àmhghar dhut.

Ma dh'fheumas sinn an neach-lagha agad a phàigheadh a chionn `s nach do phàigh thu iad bho sheilbh a bhuannaich no a ghlèidh thu mar thoradh air comhairle agus cuideachadh, tha a' chòir againn cùis-lagha a thogail nad aghaidh gus na pàighidhean sin fhaighinn air ais bhualadh.

Taic laghail

A thaobh taic laghail, chan fhaod sinn cunntas a dhèanamh air cruadal trom-chùiseach no àmhghar.

4.5 An toir sibh leibh an t-airgead no an t-seilbh uile a bhuannaicheas no a ghleidheas mi?

Cha toir sinn leinn ach na dh'fheumas sinn de dh'airgead no seilbh a bhuannaich thu no a ghlèidh thu, airson na tha sinn gann a chòmhdach, eadar na phàigh sinn a-mach sa chùis agad agus:

- cosgaisean sam bith a phàigh an neach-dùbhlain agad, agus
- (ann an taic laghail) tabhartas sam bith a phàigh thu

Ma bhios an neach-dùbhlain agad a' cur dàil ann a bhith a' pàigheadh nan cosgaisean, cumaidh sinn air ais airgead gu leòr airson an t-sùm sin a chòmhdach. Cuiridh sinn e ann an cunntas a bhios a' cosnadh riadh agus pàighidh sinn an riadh dhutsa.

4.6 Ma ghleidheas no ma bhuannaicheas duine an dachaigh mar phàirt den chùis, am feumadh iad a reic gus an t-sùm a phàigheadh?

Chan fheumadh. Iarraidh sinn ort ar pàigheadh ann an cuibhreannan no is dòcha gun toir sinn dhut cead dàil a chur air pàigheadh gus an reic thu an taigh. Ach, ma chuireas tu dàil air pàigheadh gus an reic thu an taigh,

feumaidh tu riadh a phàigheadh air an t-sùm a tha ri phàigheadh, agus bheireadh sinn a-mach gabhaltas coitcheann air an dachaigh agad, gus dèanamh cinnteach gum faigh sinn an t-airgead aig a' cheann thall. Faodaidh an neach-lagha agad innse dhut dè dh'fheumas tu a dhèanamh a thaobh seo.

Dh'fhaodadh gu bheil dòighean eile ann air na fiachan agad a phàigheadh dhuinn, a bhiodh na bu fhreagarraich dhut – mar eisimpleir, is dòcha gum biodh tu airson iasad banca fhaotainn. Is urrainn dhuinn fiosrachadh a thoirt dhut mun t-sùm iomlan a tha agad ri phàigheadh aig àm sam bith, gus am faigh thu air co-dhùnadh a dhèanamh air dè as fheàrr dhut fhèin.

Airson eisimpleirean air dè a dh'fheumadh tu a phàigheadh air ais mar `cladhach air ais', faic earrann 10.

5. Dè ma mholas an neach-lagha agam obrachadh dhomh gu priobhaideach?

Ma cheadaicheas sinn cuideachadh laghail dhut, dh'fhaodadh gum feum an neach-lagha agad aonta fhaighinn bhuaninn a thaobh obair a bharrachd a dhèanamh (mar a bhith a' fastadh eòlaichean no luchd-tagraidh). Mura h-aontaich sinn gum faod an neach-lagha agad obair a bharrachd a dhèanamh, no barrachd airgid a chosg, chan fhaod iad iarraidh ort pàigheadh air leth airson seo fhad `s a tha iad a' cumail orra le comhairle agus cuideachadh no taic laghail, às leth na cùise agad.

Ma dhiùltas sinn taic laghail dhut, no ma stadas an taic laghail agad airson adhbhar air choireigin, dh'fhaodadh gum mol an neach-lagha agad obrachadh gu priobhaideach dhut. Ma thachras seo, tha sinn a' moladh:

- gun iarr thu orra na h-adhbharan aca airson seo a mhìneachadh dhut gu soilleir
- gun dèan thu cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn agus ag aontachadh leis na stèidhean gnìomhachais aca mus tòisich iad ag obair dhut

Cuimhnich gum faod thu bruidhinn ris an aonad measaidh ionmhais againn (faic am broinn na duilleig aghaidh), ma tha ceistean sam bith agad a thaobh na h-ion-roghnachd ionmhasail agad.

6. A bheil buaidh sam bith agam air an t-sùm a dh'fheumas mi a phàigheadh do neach-lagha?

Gu h-àbhaisteach, tha an sùm a phàigheas sinn do luchd-lagha air a stèidheachadh ann an lagh, agus bidh sinn a' sgrùdadh an cunntais gus dèanamh cinnteach gu bheil an obair a tha dèanta agus na cosgaisean a tha na lùib, reusanta.

Comhairle agus cuideachadh

A thaobh comhairle agus cuideachadh, feumaidh luchd-lagha cead fhaighinn bhuaninne airson tuilleadh obrach a dhèanamh, ma tha iad den bheachd gun cosg an obair barrachd na a' chrìoch ionmhais a tha sinn air a stèidheachadh

mar-thà. Tha sinn a' co-dhùnadh a bheil obair sam bith a bharrachd fo `comhairle agus cuideachadh' reusanta. Faodaidh tu faighneachd dhan neach-lagha agad aig àm sam bith dè an sùim a tha sinn air aontachadh a dh'fhaodas iad a chosg air comhairle agus cuideachadh. Agus ma chosgas iad barrachd na dh'aontaich sinn, chan fhaod iad iarraidh ort an sùim a bharrachd a phàigheadh.

Taic laghail

A thaobh taic laghail, chan eil crìochan air an stèidheachadh. Ach, nuair a bhios sinn a' co-dhùnadh air taic laghail a bhuileachadh, bidh sinn a' toirt cunntas air cosgaisean na cùise. Agus a thuilleadh air an sin, feumaidh an neach-lagha agad innse dhuinn mu atharrachaidhean cudromach sam bith, gus am faigh sinn air co-dhùnadh a bheil e reusanta an taic laghail agad a chumail a' dol.

Ach, nuair a chuireas an neach-lagha agad an cunntas thugainn, feumaidh iad dearbhadh dhuinn gun robh an obair air a bheil iad ag iarraidh pàigheadh, riatanach agus reusanta.

Comhairle agus cuideachadh, agus taic laghail.

Tha e an urra riut fhèin agus ris an neach-lagha agad mar a stiùireas sibh a' chùis agad. Cuimhnich gum faod cosgais na cùise agad a dhol suas a h-uile uair a thèid thu gun neach-lagha agad le ceist, agus a h-uile uair a nì iad rud dhut (a' gabhail a-steach sgrìobhadh litrichean, coinneamhan agus gairmean fòn).

Air sgàth agus gur dòcha gum feum thu na cosgaisean sin a phàigheadh, bu chòir dhut iarraidh air an neach-lagha agad tuairam a thoirt dhut air cosgaisean na cùise agus innse dhut ma dh'atharraicheas an tuairam seo mar a bhios a' chùis agad a' dol air adhart. Is e seo is dòcha a dhèanadh neach-dèiligidh prìobhaideach a bhiodh a pàigheadh, agus tha sinn a' moladh gun dèan thusa mar an ceudna.

Is dòcha gum faodadh tu airgead a shàbhaladh nan iarradh tu air an neach-lagha agad tomhas a dhèanamh agus tuairam a thoirt dhuinn air cosgaisean na cùise: ma dh'fheumas tu cur ris na cosgaisean taic laghail agad, gheibh sinn air a chuingealachadh aig an toiseach gun t-sùim a tha an neach-lagha agad den bheachd a chosgais e. Ach aig a' cheann thall, ma chosgais e barrachd na an tuairam, obraichidh sinn a-mach an t-eadar-dhealachadh eadar:

- an tuairam agus an tabhartas a thomhais sinn aig an toiseach a b' urrainn dhut a phàigheadh
- an tuairam agus fìor chosgais na cùise

An uair sin, feumaidh tu an sùim as lugha de na dhà sin a phàigheadh.

Dh'fhaodadh gum faigh thu cuid den tabhartas agad air ais ma chosgais a' chùis nas lugha na a phàigh thu dhuinn, no ma gheibh sinn cuid de na cosgaisean air ais bhon neach-dùbhlain agad.

7. A' pàigheadh chosgaisean neach-dùbhlain.

Uaireannan dh'fhaodadh gun òrdaich cùirt dhut cosgaisean an neach-dùbhlain agad a phàigheadh, no is dòcha gun aontaich thu am pàigheadh. Ge 'r bith dè an suidheachadh, feumaidh tu fhèin cosgaisean mar sin a phàigheadh – chan urrainn dhuinn am pàigheadh dhut. Faodaidh tu iarraidh air a' chùirt an sùim a tha agad ri phàigheadh a lughdachadh. Tha a' chùirt a' co-dhùnadh dè tha reusanta dhut a phàigheadh, a' gabhail cunntas air:

- suidheachaidhean na cùise air fad
- an suidheachadh ionmhasail agad fhèin agus an neach-dùbhlain agad
- mar a tha an dithis agaibh air na cùisean agaibh a stiùireadh

Feumaidh tu pàigheadh ge 'r bith dè cho-dhùineas a' chùirt; dh'fhaodadh nach fheum thu sùim sam bith a phàigheadh. Is dòcha gum bi thu airson tuilleadh fiosrachaidh iarraidh air an neach-lagha agad mu dheidhinn seo.

Tha an lagh a' toirt dhut a' chòir cunntas an neach-dùbhlain agad a cheasnachadh. Mura h-eil thu riarachaidh leis an t-sùim a tha iad a' cur ort, faodaidh tu iarraidh air sgrùdaire cùirt siorraim, co-dhùnadh a dhèanamh air an t-sùim a bu chòir dhut pàigheadh. Is e oifigeach neo-eisimeileach a th' ann an Sgrùdaire na Cùirte a bhios a' sgrùdadh chunntasan luchd-lagha.

8. Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a bheir mi dhuibh?

Le bhith a' cur tagradh a-steach airson taic laghail, tha thu a' toirt cead dhuinn am fiosrachadh a dheasbad taobh a-staigh a' Bhùird, agus far a bheil e riatanach, le daoine eile taobh a-muigh a' Bhùird.

Faodaidh luchd-lagha, a tha a' riochdachadh Comann Lagha na h-Alba, fiosrachadh a tha anns an tagradh agad fhaicinn mar phàirt de na sgrùdaidhean dearbhachd mathais tuaireamach a bhios an Comann a' dèanamh.

A rèir na lagha, feumaidh sinn a bhith glè fhaiceallach mar a chleachdas sinn fiosrachadh a bheir daoine dhuinn. Gu h-àbhaisteach, cha toir sinn seachad fiosrachadh a thaobh tagradh taic laghail ach nuair a gheibh sinn cead bhon neach a thug dhuinn e, no ma chanas an lagh gum feum sinn. Ach, ma dh'iarraas tu air neach mar do BhPA bruidhinn rinn mu dheidhinn na cùise agad, tha sinn a' gabhail ris le bhith a' dèanamh sin, gu bheil thu a' toirt cead dhuinn a dheasbad leotha. Cuideachd, tha dleastanasan òirnn fiosrachadh sònraichte a chumail dìomhair agus fiosrachadh eile a thoirt seachad, fo Achd Dion Dàta agus Achd Saorsa an Fhiosrachaidh. Mar eisimpleir, chan fhaod sinn fiosrachadh pearsanta a thoirt dhut mu neach eile. Ach tha a' chòir agad faighneachd dhuinn mu fhiosrachadh a tha againn mu dheidhinn fhèin, agus fiosrachadh eile a bhios sinn a' clàradh a thaobh taic laghail agus ar dòighean obrach.

Uaireannan, cleachdaidh sinn am fiosrachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air do dhearbhadh, ma dh'fhònas tu thugainn. Cuideachd, bidh sinn a' tional fiosrachadh sònraichte gus dèanamh cinnteach nach eil ar dòighean obrach

a' dèanamh lethbhreith, agus gu bheil iad a' ceadachadh chothroman co-ionnan agus ruigsinneachd do gach neach.

Nam bu mhath leat tuilleadh fhaighinn a-mach mun dòigh sa bheil sinn a' cleachdadh fiosrachaidh a thathar a' toirt dhuinn, feuch gun leugh thu a' bhileag againn *Ruigsinneachd air Fiosrachadh*, a tha a' mìneachadh:

- mar a gheibh thu a-mach dè am fiosrachadh a tha sinn a' cumail mud dheidhinn
- mar a làimhsicheas sinn fiosrachadh sam bith a tha sinn a' cumail mud dheidhinn
- mar a gheibh thu cothrom air clàran eile agus fiosrachadh oifigeil a tha sinn a' cumail

9. Dè ma tha mi mì-thoilichte le ur dòigh giùlain no le dòigh-giùlain an neach-lagha agam?

Tha a' bhileag againn *Gearanan agus Beachdan mu Bhòrd Taic Laghail na h-Alba* a' toirt seachad fiosrachaidh mun mhodh gearain againn. Faodaidh tu sin fhaighinn bhuanne (faic fiosrachadh mu ar deidhinn am broinn duilleag aghaidh na bileig seo), no lorgaidh tu e air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk

Gus gearain mun neach-lagha agad

Bu chòir dhut bruidhinn riutha fhèin an toiseach. Mura h-eil thu riarachtaidh às dèidh sin, bu chòir dhut bruidhinn ris an neach anns a' bhuidheann a bhios a' dèiligeadh le gearanan; feuchaidh iadsan ris an duilgheadas a rèiteachadh.

Ma tha do ghearain mu thaic laghail, bu mhath leinn gun cuireadh tu leth-bhreac thugainn de sgrìobhaidhean no litrichean sam bith mun chùis

Ma tha thu fhathast mì-thoilichte mun t-suidheachadh, faodaidh tu bruidhinn ri Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba (faic shìos)

Gus gearain mun neach-tagraidh agad

Bu chòir dhut bruidhinn riutha fhèin an toiseach. Ma tha thu fhathast mì-thoilichte mun t-suidheachadh, faodaidh tu bruidhinn ri Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba (faic shìos)

Ma tha do ghearain mu thaic laghail, bu mhath leinn gun cuireadh tu leth-bhreac thugainn de sgrìobhaidhean no litrichean sam bith mun chùis

Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba

Tha an Coimisean seo neo-eisimeileach bho dhreuchd an lagh agus tha e a' laimhseachadh ghearanan mun t-seirbheis aig luchd-lagh. Chan eil cosgais sam bith a luib gearan a dheanamh dhan Choimisean. Faodaidh an Coimisean cuideachd coimhead air mar a tha buidhnean proifeiseanta (mar Comann Lagha na h-Alba no Dàmh an Luchd-Tagraidh) a laimhseachadh ghearan mu dhroch-ghiùlan agus smachd phroifeiseanta agus faodaidh iad na molaidhean aca a chuir an gnìomh.

Cuir fios gu Coimisean Ghearanan Laghail na h-Alba aig:
Oifis nan Stampa
10-14 Waterloo Place
Dùn Èideann EH1 3EG
Fòn: 0131 528 5111
Post-Dealain: enquiries@scottishlegalcomplaints.org.uk
Làrach-lìn: www.scottishlegalcomplaints.org.uk

Gus gearain mun chùirt

Gus gearain mun chùirt, no luchd-obrach na cùirte a bha a' dèiligeadh leis a' chùis agad, cuir fios gu Seirbheis Chùirtean na h-Alba, Taigh Hayweight, 23 Sràid Lauriston, Dùn Èideann ED3 9DQ
Fòn 0131 229 9200
Fiosraich barrachd air an làrach-lìn aca: www.scottishcourts.gov.uk

Ma tha do ghearan mu bhritheamh no mu shiorraidh

Gus gearan a dhèanamh mu ghiùlain britheimh no siorraidh, sgrìobh gu Riaghaltas na h-Alba
Buidheann-stiùiridh Lagh Bun-reachdail agus na Cùirtean
Roinn an Siostam Lagh
Sgioba nan Cùirtean agus Stiùireadh a Cheartais
2W Taigh Naomh Anndra
Rathad Regent
Dùn Èideann EH1 3DG

10. Eisimpleirean

Seo eisimpleirean a tha a' còmhdach comhairle agus cuideachadh (earrann 10.1) agus taic laghail (10.2). Tha iad a' gabhail a-steach ath-bhuannachadh seilbh ann an cùis-lagha airson damaistean agus ann an sgaradh-pòsaidh.

Eisimpleirean comhairle agus cuideachaidh

Eisimpleir 1 – airgead diolaidh a' leantainn air tubaist

Thug an neach-lagha agad comhairle agus cuideachadh dhut gus tagradh a dhèanamh an aghaidh comhairle ionadail a' leantainn air tubaist. Mar thoradh air an sin, dh' aontaich a' chomhairle £5,000 de dh'airgead diolaidh a

phàigheadh dhut airson do leòn. Tha na £5,000 sin a' cunntadh mar sheilbh a bhuannaich thu.

Anns an eisimpleir seo:

- bha thu air tabhartas £50 a phàigheadh dhan neach-lagha agad mar-thà
- dh'aontaich a' chomhairle £750 a phàigheadh a dh'ionnsaigh cosgaisean na cùise, agus phàigh iad an sùim sin
- bha cunntas an neach-lagha agad £900

Tha sin a' fàgail £100 de chunntas an neach-lagha nach eil còmhdaichte leis an tabhartas agad agus leis na cosgaisean a phàigh a' chomhairle. Dh'fheumadh tu an £100 sin a phàigheadh a-mach às an t-seilbh a bhuannaich thu, mura b' urrainn dhut dearbhadh gun adhbhraicheadh e cruadal trom-chùiseach agus àmhghar dhut. Mar sin, gheibheadh tu £4,900 den airgead dìolaidh a phàigh a' chomhairle dhut.

Eisimpleir 2 – sgaradh-pòsaidh

Tha thu fhèin agus do chèile-pòsta air aontachadh ri sgaradh. Tha sibh air ur gnothaichean a chur air dòigh gun a dhol dhan chùirt. Tha an neach-lagha agaibh air cuideachadh laghail a thoirt dhuibh tro chomhairle agus cuideachadh.

Tha do chèile-pòsta air aontachadh sùim calpa £10,000 a phàigheadh dhut.

Tha a' chiad £5,259 den airgead a tha thu a' faighinn neo-bhuailteach – is e sin, bidh sinn ga leigeil seachad nuair a bhios sinn a' co-dhùnadh dè dh'fheumas tu pàigheadh. Ach a chionn 's gun d' fhuair thu £10,000, dh'fhaodadh gun tèid iarraidh ort suas ri £4,741 a phàigheadh.

Tha cunntas an neach-lagha agad £1,000. Chan eil thu air tabhartas sam bith a phàigheadh a dh'ionnsaigh cosgais agus chan eil do chèile-pòsta a' pàigheadh chosgaisean na comhairle laghail agad. Mar sin, feumaidh tu £1,000 a phàigheadh mura h-eil comas agad dearbhadh gun adhbhraicheadh e cruadal trom-chùiseach agus àmhghar dhut.

Eisimpleirean de thaic laghail

Eisimpleir 1 – a' buannachadh seilbh ann an cùis damaistean

Ma tha thu air a bhith an lùib tubaist agus air do ghortachadh, faodaidh tu airgead dìolaidh a shireadh bhon neach a tha thu den bheachd a tha cunntachail. Dh'fhaodadh sin a bhith, mar eisimpleir, an neach-fastaidh agad, a' chomhairle ionadail no an dràibhear eile ann an tubaist rathaid. Dèiligidh sinne le sùim sam bith a gheibh thu bhon neach-dùbhlain agad gus a' chùis a rèiteachadh tro òrdugh cùirte no taobh a-muigh na cùirte, mar sheilbh a tha buannaichte.

Mar eisimpleir, ma shireas tu airgead diolaidh no damaistean de £15,000 ach gun rèitich thu taobh a-muigh na cùirte airson £10,000, tha thu air seilbh luach £10,000 a bhuannachadh.

Eisimpleir 2 – a’ buannachadh seilbh ann an cùis sgaraidh-pòsaidh

Ma tha thu an sàs ann an sgaradh-pòsaidh agus gu bheil an taigh anns an ainm agad fhèin agus ann an ainm do chèile-pòsta le chèile, dh’fhaodadh tu iarraidh air a’ chùirt an taigh atharrachadh gu ainm fhèin a-mhàin. Ma dh’aontaicheas a’ chùirt leat agus gun atharraichear roinn do chèile-pòsta san taigh thugadsa, bidh tu air seilbh a bhuannachadh.

Dhèanamaid tomhas air luach na seilbhe agad mar a leanas:

- luach an taighe = £60,000
- morgaids ri phàigheadh = £40,000
- luach lom an taighe (an luach às aonais fiachan morgaids) = £20,000
- luach na seilbhe buannaichte (an luach lom air a roinn le 2) = £10,000

Tha seo a’ ciallachadh gun d’ fhuair thu leth-roinn do chèile-pòsta agus gun do bhuannaich thu £10,000. Ach a chionn `s gu bheil còir agad air a’ chiad £5,259 tha seo a’ lughdachadh na seilbhe a bhuannaich thu gu £4,741.

Eisimpleir 3 – a’ gleidheadh seilbhe ann an cùis sgaraidh-pòsaidh

Ma tha thu an sàs ann an sgaradh-pòsaidh, dh’fhaodadh gun iarr do chèile-pòsta air a’ chùirt an roinn agadsa san taigh atharrachadh thuige/thuice. Ma shoirbhicheas leat a’ cur an aghaidh sin agus gun tèid an taigh atharrachadh thugadsa, an uair sin sin bidh an àireamh `cladhach air ais’ aig £20,000. A-rithist, mar a bha roimhe, tha còir agad air a’ chiad £5.259, a tha a’ lughdachadh an t-sùm a tha thu a’ gleidheadh gu £14,741

Agus am feumainn an sùm iomlan a bhuannaich mi no a ghlèidh mi anns gach eisimpleir a phàigheadh dhut?

Is dòcha nach fheumadh, oir tha na h-àireamhan anns na h-eisimpleirean a’ sealltainn an t-sùm as motha a dh’fheumadh tu a phàigheadh. Tha na h-eisimpleirean uile den bheachd nach do phàigh thu tabhartas, agus nach eil an neach-dùbhlain agad a’ pàigheadh do chosgaisean. Is e an dearbh shùm a dh’fheumadh tu a phàigheadh am pàirt as ìsle:

- den t-sùm a phàigh sinn dhan neach-lagha
- de luach na seilbhe a bhuannaich no a ghlèidh thu

Mar eisimpleir, mas e £10,000 luach na seilbhe a bhuannaicheas no a ghlèidheas tu agus gu bheil sinn air £3,000 a phàigheadh dhan neach-lagha, bidh £7,000 air fhàgail agad. Ach mas e £5,000 luach na seilbhe a bhuannaicheas no a ghlèidheas tu agus gum pàigh sinn £6,000 dhan neach-lagha, an uair sin dh’fheumadh tu £5,000 a phàigheadh, agus chan fhaigheadh tu nì ach an sùm neo-bhuailteach (£5,259).

Mura h-e seilbh airgid a bhuannaich thu (mar eisimpleir, dh’fhaodadh gur h-e an taigh-còmhnaidh agad a th’ ann), is dòcha nach fheum thu an sùm seo a phàigheadh gu h-iomlan dhuinn sa bhad.

Tha na h-eisimpleirean a leanas a' sealltainn saorsa bho chladhach air ais. Tha iad a-rithist a' gabhail a' bheachd nach eil an neach-dùbhlain agad a' pàigheadh do chosgaisean agus nach eil tabhartas ann bhut.

Eisimpleir 4

Luach roinn den taigh a bhuannaich no a ghlèidh thu ann an cùis-lagha sgaraidh-pòsaidh = £10,000

- Sùim saor bho chladhach air ais = £5,259
- Seilbh iomlan buannaichte no glèidhte = £4,741

Ma phàigheas sinn cunntas £5,000 an neach-lagha agad, bheireadh sinn an sùim seo air falbh bhon t-seilbh a bhuannaich no a ghlèidh thu. Chan'fhàgadh sin agad ach an t-sùim £5,259 a tha saor.

Eisimpleir 5

Luach roinn den taigh a bhuannaich no a ghlèidh thu ann an cùis-lagha sgaraidh-pòsaidh = £5,000

Sùim saor bho chladhach air ais = £5,259

Seilbh iomlan buannaichte no glèidhte = £0.00

Nam pàigheadh sinn cunntas £5,000 an neach-lagha agad, cha toireadh sinn air falbh dad bhon t-seilbh a bhuannaich no a ghlèidh thu. Gheibheadh tu maoineachadh saor de £5.000 slàn.

Mura h-e seilbh airgid a bhuannaich thu (mar eisimpleir, dh'fhaodadh gur h-e an taigh-còmhnaidh agad a th' ann), is dòcha nach fheum thu an sùim seo a phàigheadh gu h-iomlan dhuinn sa bhad. Is urrainn dhuinn a chur air dòigh gum pàigh thu air ais an sùim a tha ri phàigheadh ann an cuibhreannan, no air an làimh eile faodaidh sinn gabhaltas coitcheann a chur air an t-seilbh agad (faic earrann 4.6).

(An Duilleag Cùil)

Gus a' bhileag seo fhaotainn ann an diofar chànan, ann am Brèill no clò mòr, no air teip èisteachd, cuiribh fios thugainn a' cleachdadh an fhiosrachaidh air taobh a-staigh na duilleig aghaidh.

Coimisean Cànanain Soilleir (Suaicheantas)

CLA-WHAT-04/08

